

Sgoiltean SSPCK

Frithealadh

Chan fheumadh pàrantan an clann a chur don sgoil.

Curraicealam

A bharrachd air eòlas air Crìosdaidheachd, bha a' Bheurla, an creideamh **Clèireach**, ceòl eaglaise agus cunntais air an teagasg. Na b' anmoiche, chaidh cuspairean co-cheangailte ri àiteachas agus banas-taighe, mar snìomh agus breabadaireachd, a thoirt a-steach.

Uallach

Bha cuid amharasach mu sgoiltean SSPCK a bhith gan stèidheachadh san sgìre Ghàidhlig, is dragh orra gun robh Beurla agus **Clèireachd** gan cur air adhart leis an Stàit.

A' Bheurla a' faighinn prìomhachas

B' e am beachd gum biodh an teagasg anns na sgoiltean ùra tron Bheurla. Ron SSPCK, cha robh cothrom ach aig clann nan **uaislean** Gàidhealach Beurla ionnsachadh.

Teacsaichean san sgoil

Ged a dh'fheuch Eaglais na h-Alba ministearan le Gàidhlig a chur gu coitheanalan Gàidhlig, cha robh air a chleachdadh ach am Bìoball Beurla agus sgrìobhaidhean Beurla eile airson adhradh.

Bha Leabhar nan Ceist agus Na Saim Meatrach ann sa Ghàidhlig ach chaidh bruidhinn ris na maighstirean-sgoile airson a bhith a' teagasg leughadh nan leabhraichean sin sna sgoiltean aca. Chan fhaodadh iad leughadh a' Bhìobaill Ghaeilige a theagasg do chlann (Cha robh Bìoball Gàidhlig ann an uair sin).

Dùbhlain mu choinneamh luchd-labhairt na Gàidhlig

Bha e doirbh don mhòr-chuid den t-sluagh Beurla ionnsachadh, 's iad gun chomas leughaidh agus a' bruidhinn dìreach Gàidhlig. Bhiodh sgoilearan ag ionnsachadh le bhith a' cumail air chuimhne agus ag ath-aithris ach gun tuigse air na bha iad a' leughadh.



Buaidh dòighean an SSPCK air a' Ghàidhlig

Leis gun robh iad a' dèanamh leasanan tron Bheurla, a' cleachdadh stuthan Beurla, b' e an SSPCK gu ìre a bu choireach airson crìonadh na Gàidhlig.

Cur an aghaidh Beurla a bhith ga sparadh air sgoilearan ann an sgoiltean SSPCK

Le sin chan eil e na iongnadh 's dòcha, gun do chuir a' mhòr-chuid de **chinn-chinnidh** agus de fhir-chinnidh Ghàidhlig taic ri **Ar-a-mach** nan Seumasach ann an 1745, 's iad a' cur an aghaidh Beurla a bhith air a **sparradh** air na coimhearsnachdan aca.

